

Cù Chulainn agus Sgiath

Fad: 9.30

Sgeulaiche: Seòras Mac a' Phearsain

Tùs: 'Highland Myths and Legends' p45 – 50

Air a dheasachadh le Ruairidh MacIlleathain

Thàinig Cù Chulainn don Eilean Sgitheanach nuair a bha e na ghille, aois seachd-deug. Bha e tapaidh, gun a bhith ro àrd, agus cha robh feusag air. Ged a bha e fhathast òg, bha e mu-thrath na ghaisgeach ann an Èirinn. Bha e gràdhaichte do a chàirdean agus chuireadh e eagal air a nàimhdean.

Aig an àm sin, bha boireannach ainmeil a' riaghladh anns an Eilean Sgitheanach. B' ise Sgiath.¹ Bha sguad de bhoireannaich làidir, chalma ag obair dhi mar luchd-dìon. Cha robh eagal orra ro fhear sam bith.

Bha an cliù air a dhol cho fada ri Èirinn, eadhon gu cluas Chù Chulainn fhèin. Latha a bha seo, rinn fear de na companaich aige iomradh air na boireannaich làidir seo agus air am banrigh, Sgiath. Nuair a rinn Cù Chulainn lachan fanaid, thuirt am fear eile ris, 'Chan eil thu ach òg, agus tha iomadh rud agad ri ionnsachadh fhathast. 'S dòcha gum faigheadh tu sgoil bho bhoireannach òg de a seòrsa.'

Thàinig an fhearg air Cù Chulainn. 'Thèid mi don Eilean Sgitheanach mi fhìn,' thuirt e, 'agus seallaidh mi dhuibh nach eil anns na boireannaich seo ach boireannaich – agus nach dèan iad a' chùis air fear.'

Dh'fhalbh Cù Chulainn anns an luing-chogaidh aige. Bha ceann is sùilean nathrach oirre a leigeadh leatha an t-slighe-mhara fhaicinn, agus bha i a' giùlan seòl clòimhe² le trì oiseanan ann. Ràinig Cù Chulainn ceann a deas an Eilein Sgitheanaich faisg air Àird a' Bhàsair. Ann a sin, chan fhaca e aon bhoireannach a bha gu sònraichte mòr no sgileil le armachd. 'Tha iad mar a bha mo mhàthair fhèin, a bhuineadh dhaibh,' thuirt e.³ 'Tha iad àrd is làidir, ach dòigheil, socair nan nàdar.'

Nuair a bha e ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich, chuala e aithrisean mu bhanrigh ann an ceann a tuath an eilein aig an robh sguad-dìon de bhoireannaich. Dh'fhalbh e gu tuath agus, an dèidh beagan làithean, stad e ann an Gleann Dail. Bha an t-àite bòidheach agus sìtheil.

Nuair a bha Cù Chulainn a' tighinn a-steach don ghleann⁴, thachair e ri gruagach òg bhòidheach a bha a' giùlan cuaille mòr. 'Feumaidh gum bi thu ag iomain a' chruaidh gu cruaidh,' thuirt e, 'agus cuaille mar sin agad.'

'Tha seo agam airson deugh-bheus ionnsachadh dha do leithid de ghillean a tha gun fheusag,' ars ise.

Bha dragh air Cù Chulainn. ‘Tha deagh-bheusan agam,’ ars esan, ‘agus chan eil feum agam air maide airson an ionnsachadh do chaileag a tha gun mhodh.’ Chuir e a làmh a-mach airson grèim a ghabhail air a gàirdean. Ach bha i ro luath dha. Ghabh i fhèin grèim airsan, agus chuir i air a dhruim dìreach e. Dh’èirich e gu a chasan airson a greimeachadh às ùr, ach leum i don taobh agus bhuail i a cuaille na aisnichean gu cruaidh. ‘S ann air èiginn a ghabh e smachd oirre mu dheireadh.

‘Nise, agus tu fo mo smachd,’ thuirt e, ‘an e tè de na maighdeannan-cogaidh aig Sgiath a th’ annad? Tha mi air a bhith a’ siubhal fad sheachdainean airson coinneachadh rithe, agus airson dearbhadh nach eil i cho comasach ri fireannach.’

Dhearbh am boireannach òg gum b’ ise gun teagamh tè de mhaighdeannan-cogaidh Sgiath. Thuirt i gun robh Sgiath fada na bu làidire is na bu chomasaiche na Cù Chulainn, ach dh’aontaich i an gaisgeach Ultach a thoirt gu cùirt Sgiath a bh’ ann an àite ris an cainte ‘Achadh an Aon Duine’.⁵

Bha an t-àite air a chuairteachadh le dà chearcall de thursachan. Anns a’ chearcall air an taobh a-muigh, bha na seòmraichean aig Sgiath agus a muinntir. Ann am meadhan a’ chearcaill a-staigh, bha an t-àite far am biodh a’ bhanrigh a’ trèanadh a maighdeannan-cogaidh agus far am biodh i a’ sabaid an aghaidh duine sam a bith a bha treun gu leòr gus dùbhlán a thoirt oirre. Bhiodh daoine a’ dèanamh inntrigeadh an sin tro nàdar de dhoras mòr mu dhusan troigh a dh’fhaid agus a leud, a bh’ air a dhèanamh de leacan cloiche mòra.

Thàinig Cù Chulainn tron doras sin agus sheas e ann am meadhan a’ chearcaill a-staigh. Ann an guth mòr, thuirt e, ‘Tha mi a’ toirt dùbhlán do Sgiath sabaid leam airson ’s gun dearbh mi nach eil i cho comasach ri fireannach.’

Nise, aig an àm seo, bha Sgiath a’ coimhead a-mach air uinneag an t-seòmair aice. Chunnaic i òganach gun fheusag. ‘Gabhaidh mi ri do dhùbhlán, fhir gun fheusag ’s gun ainm,’ fhreagair i. ‘Nì sinn sabaid le chèile gun bhall-airm. Ma nì mise an gnothach ort, fuirichidh tu cuide rium an seo, agus ionnsaichidh mi dhut gach sgil sabaid agam. Ach, ma nì thus’ an gnothach ormsa, falbhaidh mi às an seo, agus bidh cothrom agad bòstadh gur tu an aon fhear a rinn a’ chùis riamh air Sgiath.’

‘Ceart gu leòr,’ dh’aontaich Cù Chulainn, agus chuir e a chuid armachd an dàrna taobh. Sheas Sgiath a-mach agus chunnaic Cù Chulainn i airson a’ chiad turais. ‘S e boireannach a bh’ innte a bh’ aig àird a comasan. Bha i a’ coimhead làidir, agus bha moit agus uaisleachd na h-aodann.

Thòisich an dithis aca air carachd. Bha na boireannaich eile ag èigheachd le tlachd airson a leithid de chòmhrag fhaicinn. Aig an toiseach, bha e a’ coimhead coltach gum biodh Cù Chulainn ro làidir, ach bha Sgiath luath is seòlta agus bha i a’ faighinn làmh-an-uachdair air an Ultach. Mus cuireadh i car dheth, ge-tà, bhiodh Cù Chulainn a’ tighinn am bàrr.

Bha an t-sabaid air a bhith a’ dol fad dà uair a thìde nuair a thòisich Cù Chulainn air fàs lag. Rinn e oidhirp mhòr, a’ tarraing ri chèile a h-uile mìr neirt a bh’ aige, agus chunnaic na maighdeannan cogaidh solas a’ ghaisgich timcheall a chinn.⁶ Bha fios aca an uair sin gum b’ esan fear de ghaisgich na h-Èireann. Thog Cù Chulainn Sgiath far a casan airson a shàthadh don làr. Ach chleachd ise a neart

na aghaidh-san, agus thilg i Cù Chulainn an aghaidh balla. Chaill e anail agus ghabh Sgiath grèim a' bhàis air. Bha aige ri gèilleadh airson a bheatha a shàbhaladh.

An dèidh sin, dh'fhuirich Cù Chulainn aig cùirt Sgiath. Dh'ionnsaich e sgilean cogaidh bhuaipe. Bha e air leth mar oileanach agus bhiodh e a' falbh le Sgiath airson an t-Eilean Sgitheanach a dhìon an aghaidh a nàimhdean.

Cha robh a h-uile sgath dòigheil ann an Èirinn, ge-tà, agus thàinig teachdaireachd gu Cù Chulainn gun robh a dhùthaich fhèin – Ulaidh – fo gheas agus nach b' urrainn do na gaisgich a dìon. Dh'fheumadh Cù Chulainn – am prìomh ghaisgeach aca – tilleadh dhachaigh.

Bha e brònach a bhith a' falbh, ach bha e air gealltainn gun tilleadh e a dh'Ulaidh nuair a bhiodh feum air. Choinnich e fhèin is Sgiath turas eile airson sabaid, ach rinn Cù Chulainn an gnothach oirre an turas seo oir bha e eòlach air na sgilean gu lèir aig Sgiath, agus bha e air feadhainn eile ionnsachadh a bharrachd.

An uair sin, thuirt Sgiath ris, 'Is tusa an "Aon Duine" a th' air a chuimhneachadh ann an ainm an àite seo⁷, oir is tusa an aon fhear a rinn a' chùis orm ann an còmhrag. Is tusa cuideachd an aon fhear air an do ghabh mi gaol riamh, agus tha mi an dùil leanabh – do mhac-sa. Nì thu tilleadh dhan Eilean Sgitheanach nuair a thig an t-àm, agus caillidh thu do bheatha an seo, ach cha bhi sgeul ormsa no air mo chùirt an uair sin. Agus a bharrachd air sin, chan fhaigh thu eòlas air a' mhac agad.'

Le sin, thug i dha an gath-bolg⁸ – ball-airm cho èifeachdach 's a th' ann – agus na briathran dìomhair⁹ a bheireadh air ais dhachaigh don Eilean Sgitheanach gu sàbhailte e. Agus dh'fhàg Cù Chulainn Eilean a' Cheò.

Ainm na sgeulachd ann am Beurla: Cuchullin & Sgiath

Notaichean:

Fhuair Seòras an sgeulachd bho ghrunn sheanchaidhean ann an diofar phàirtean dhen Eilean Sgitheanach eadar Ùig agus Slèite.

1. Tha cuid dhen bheachd gur e seo dreach eile air 'Sgàthach' aig a bheil dlùth-cheangal ann am beul-aithris ri Dùn Sgàthaich ann an Slèite. Bha Seòras ag ràdh gur e 'Sgiath' a chuala e riamh mar ainm oirre aig na seanchaidhean.
2. *Woollen sail.*
3. A rèir na chuala Seòras, bhuineadh màthair Chù Chulainn do cheann a deas an Eilein Sgitheanach. Tha cuid dhen bheachd gun do rugadh Cù Chulainn fhèin (leis an ainm-baistidh Setanta) ann an ceann a deas an Eilein agus gun deach a dh'fhuireach ann an Èirinn nuair a bha e na ghille òg.
4. Ann an àite ris an canar An Gallanach.

5. 'S e Hamaraverin a th' air an àite seo mar ainm an-diugh.
6. *The hero light*. Solas a bha car coltach ri riomball nan naomh.
7. Achadh an Aon Duine.
8. Nàdar de shleagh ghoirid a bh' air a thilgeil leis a' chois. Bha puinnsean anns a' bholg (bhalg).
9. *Magic runes*. Bha Seòras ag ràdh gun robh iad sgrìobhte ann an ogham air maidean calltainn no caorainn.